

Higher Gaelic (Learners) Listening – Society – Online shopping

The following passage is about Rachel MacDonald's online shopping habits.

Is mise Raonaid NicDhòmhnaill. Thòisich mi a' ceannach aodaich air-loidhne o chionn dà bhliadhna dheug. Tha ùidh mhòr agam ann an aodach agus fasan. Tha mi a' fuireach anns na h-Eileanan an lar agus chan eil roghainn fharsaing de dh'aodach anns na bùthan. Bha e riamh a' còrdadh rium a bhith a' dol dha na bùthan mòra ann an Glaschu agus Dùn Èideann airson dreasaichean àlainn no brògan spaideil fhaicinn agus fheuchainn orm, ach bha sin gu math daor.

Mar sin, dh'fhosgail mi cunntas air làrach-lìn fasain agus thòisich mi a' dol troimhe airson aodach a shaoil mi a bhiodh a' coimhead snog orm. Chan fheumainn an taigh fhàgail airson na stoidhlichean as ùire fhaighinn agus chòrd seo rium gu mòr. Glè thric, bha na prìsean air-loidhne fada na bu shaoire na bha iad anns a' bhaile-mhòr airson an aon seòrsa rud.

Bhiodh parsailean a' tighinn tron phost agus chuirinn an t-aodach orm gus dearbhadh an robh e freagarrach. Ma bha e ro mhòr no ro bheag, bha e furasta gu leòr a thilleadh tron phost, agus gheibhinn m' airgead air ais.

Bidh mi a' cur dhealbhan den aodach a cheannaicheas mi air-loidhne air na meadhanan sòisealta. Gheibh mi mòran bheachdan snoga bho dhaoine mar as trice. Uaireannan, bidh duine no dithis caran suarach agus a' fàgail bheachdan mì-mhodhail agus feumaidh mi casg a chur orra. Nuair a bhios mi deiseil le pìos aodaich, bidh mi ga reic air-loidhne air làrach-lìn eile.